


A' togail Alba Ùr : Saoranachd ann an Alba neo-eisimeileach

BUILDING A NEW
SCOTLAND



Geàrr-chunntas

Tha an geàrr-chunntas seo san t-sreath *A' togail Alba Ùr* a' cur air adhart molaidhean Riaghaltas na h-Alba airson saoranachd ann an Alba neo-eisimeileach. Tha e:

- a' cur air adhart ar lèirsinn airson modail in-ghabhalach de shaoranachd às dèidh neo-eisimeileachd do dhaoine, co-dhiù a rugadh no nach do rugadh iad ann an Alba, agus co-dhiù a bheil iad a' coimhead orra fhèin gu ìre mhòr no a-mhàin mar Albannaich.
- a' mìneachadh cò a bhiodh nan saoranaich Albannach aig àm neo-eisimeileachd agus cò a dh'fhaodadh saoranachd Albannach fhaighinn às dèidh sin.

Tha na molaidhean seo a' nochdadh dòigh-obrach in-ghabhalach agus fàilteachail a thaobh airidheachd air saoranachd na h-Alba.

Tha an aithisg shlàn a' toirt seachad barrachd mion-fhiosrachaidh mu na molaidhean seo agus mion-sgrùdadh air an fhianais a tha gam fiosrachadh, a bharrachd air iomraidhean air tùsan.

Bhiodh còir aig saoranaich Albannach a bhith a' fuireach agus ag obair gu saor ann an Alba. B' urrainn dhaibh cead-siubhail Albannach fhaighinn cuideachd.

Tha a' mhòr-chuid de dh'Albannaich aig an àm seo nan saoranaich Breatannach. Tha lagh na RA a' leigeil le saoranaich Bhreatannach grunn nàiseantachdan a bhith aca. Às dèidh neo-eisimeileachd, tha sinn a' moladh gun ceadaicheadh an lagh ann an Alba gum b' urrainn do Shaoranaich na h-Alba an aon rud a dhèanamh - gus an urrainn an dà chuid nàiseantachd Albannach agus Breatannach a bhith aig daoine ma thogras iad, no dìreach tè seach tè aca.

Fo na molaidhean againn, chan fheumadh Saoranaich Breatannach Saoranachd Albannach fhaighinn airson a bhith ag obair agus a' fuireach ann an Alba, oir bhiodh Alba fhathast na pàirt den Roinn Siubhail Choitcheann, a tha a' gabhail a-steach na RA, Èirinn, Eileanan Caolas Shasainn agus Eilean Mhanainn.

Bhiodh ceithir dòighean ann gus saoranachd Albannach fhaighinn ma thèid Alba na dùthaich neo-eisimeileach.

- tro chòir fèin-obrachail air latha na neo-eisimeileachd
- le breith às dèidh neo-eisimeileachd
- le bhith a' clàradh mar shaoranaich Albannach, no
- le bhith a' dèanamh iarrtas gus saoranachd Albannach fhaighinn.

Tha an ath earrann a' mìneachadh na tha gach cuid a' ciallachadh.

Dòighean airson saoranachd Albannach fhaighinn

1. Còir fèin-obrachail air saoranachd

Fo na planaichean aig Riaghaltas na h-Alba, bhiodh tu airidh air saoranachd Albannach air an latha a gheibh Alba neo-eisimeileachd ma tha thu nad shaoranach Breatannach mar-thà agus:

- ma tha thu a' fuireach ann an Alba (air a mhìneachadh san lagha mar 'a' còmhnaidh ann gu h-àbhaisteach')
- ma rugadh tu ann an Alba
- ma tha pàrant agad a bha na s(h)aoranach Breatannach a rugadh an Alba, no
- nan robh thu a' fuireach ann an Alba fad co-dhiù deich bliadhna roimhe, no fad còig bliadhna mar phàiste, le àireamhachadh pro rata do dh'inbhich òga.

Ma tha d' airidheachd air saoranachd Albannach stèidhichte air an t-suidheachadh phearsanta a th' agad – tha thu a' fuireach ann an Alba, no rugadh tu an seo – b' urrainn dhut cothrom fhaighinn air seirbheisean do shaoranaich agus cha bhiodh agad ri rud sam bith eile a dhèanamh.

Mur eil thu a' fuireach ann an Alba agus ma tha d' airidheachd air saoranachd na h-Alba stèidhichte air an t-suidheachadh agad san àm a dh'fhalbh no air an t-suidheachadh aig pàrant, bhiodh cothrom agad air seirbheisean mar seo cuideachd, ach dh'fhaodte gun tèid iarraidh ort dearbhadh gu bheil thu ion-roghnach.

Mura robh thu airson a bhith nad shaoranach Albannach gu fèin-obrachail, b' urrainn dhut taghadh gun saoranachd Albannach a bhith agad.

2. Clann air am breith às dèidh neo-eisimeileachd

Bhiodh clann a tha air am breith ann an Alba às dèidh neo-eisimeileachd nan saoranaich Albannach gu fèin-obrachail nam biodh co-dhiù aon de am pàrantan:

- nan saoranach Albannach, no
- nan saoranach Breatannach no Èireannach no
- "suidhichte" an Alba fo lagh in-imrich na h-Alba

Bhiodh pàiste a rugadh taobh a-muigh na h-Alba às dèidh neo-eisimeileachd nan saoranaich Albannach gu fèin-obrachail nam biodh co-dhiù aon de am pàrantan nan saoranach Albannach.

3. A' clàradh mar shaoranach Albannach

Bhiodh a' chòir a bharrachd seo air saoranachd fosgailte do dhà bhuidhinn de dhaoine:

- saoranaich Breatannach agus Èireannach a' fuireach ann an Alba
- clann de nàiseantachd sam bith a tha a' fuireach ann an Alba a thogadh an seo

Agus bhiodh slighe a bharrachd ann do dhuine sam bith a bhiodh ag iarraidh a bhith nan saoranach Albannach às dèidh neo-eisimeileachd: a' dèanamh tagradh stèidhichte air na slatan-tomhais air airidheachd.

4. A' dèanamh iarrtas gus saoranachd Albannach fhaighinn

'S e "saoranachadh" a chanar ris a' phròiseas a bhith a' dèanamh iarrtas gus saoranachd fhaighinn airson dùthaich eile.

B' urrainn do chuideigin le nàiseantachd eile iarrtas a dhèanamh gus saoranachd Albannach fhaighinn nan robh iad:

- a' fuireach ann an Alba fad co-dhiù còig bliadhna, agus
- air a bhith "suidhichte" ann an Alba fad co-dhiù 12 mhios.

Ceadan-siubhail

Bhiodh còir aig saoranaich Albannach cead-siubhail Albannach a bhith aca às dèidh neo-eisimeileachd. Chan fheumadh cead-siubhail Albannach a bhith agad mur an robh thu ag iarraidh fear. Gheibheadh tu cead-siubhail Albannach tron aon seòrsa pròiseas tagraidh a th' ann an-dràsta airson saoranaich Bhreatannach a tha ag iarraidh cead-siubhail Breatannach.

An Roinn Siubhail Choitcheann agus an t-Aonadh Eòrpach

Tha Alba mar phàirt de Roinn Siubhail Choitcheann sna h-eileanan seo. Mar phàirt den Roinn Siubhail Choitcheann às dèidh neo-eisimeileachd, dh'fhaodadh saoranaich Bhreatannach is Èirinneach fuireach agus obrachadh ann an Alba gun bhacadh sam bith, mar a nì iad an-dràsta, agus bhiodh na còraichean seo aig saoranaich Albannach anns an RA agus ann an Èirinn fhathast.

Nuair a ghabhadh Alba ballrachd anns an Aonadh Eòrpach a-rithist, bhiodh Saoranaich Albannach nan saoranach Eòrpach a-rithist. Leigeadh seo leotha agus le an teaghlaichean a bhith a' fuireach, ag obair agus a' dol dhan cholaiste/oilthigh gu saor air feadh nan 27 Ball-stàitean làithreach, cho math ri Nirribhidh, Innis Tìle, Liechtenstein agus an Eilbheis.

Saoranachd agus am bun-reachd

Bhiodh na molaidhean seo aig an riaghaltas air saoranachd nam pàirt den bhun-reachd eadar-amail ma thèid Alba na dùthaich neo-eisimeileach. Mar a chaidh a mhìneachadh ann an 'A' togail Alba Ùr: A' cruthachadh bun-reachd ùr-nodha airson Alba neo-eisimeileach', bhiodh e an urra ris a' chùmhnannt bhun-reachdail a bhith a' co-dhùnadh am biodh, no mar a bhiodh, saoranachd mar phàirt de bhun-reachd maireannach na h-Alba, no am bu chòir lagh nàiseantachd a dhèanamh tro achdan Pàrlamaid na h-Alba. A' cruthachadh bun-reachd ùr-nodha airson Alba neo-eisimeileach'. Chaidh na molaidhean seo a chur an cèill gu mionaideach sa phàipear seo gus an urrainn dhan a h-uile duine a tha an sàs san deasbad air bun-reachd na h-Alba san àm ri teachd tuigsinn dè an seasamh a th' aig Riaghaltas na h-Alba agus dè a' bhuidh a bheireadh seo orra mas e is gun tagh an dùthaich neo-eisimeileachd.

Co-dhùnadh

Chruthaichheadh neo-eisimeileachd nàiseantachd ùr ann an lagh agus bheireadh e cothrom do mhuintir na h-Alba a bhith nam pàirt den fhèin-aithne nàiseanta in-ghabhalach sin. Bidh inbhe mar shaoranach na h-Alba na bhuannachd bhrìoghmhor, adhartach aig neo-eisimeileachd. Tha a' chòir ùr cead-siubhail Albannach a bhith aig daoine, còraichean leantainneach san Roinn Siubhail Choitcheann agus, còraichean aig saoranaich an AE a bhith ann a-rithist às dèidh do dh'Alba a dhol na pàirt den AE a-rithist; uile nam buannachdan a bhiodh aig saoranaich na h-Alba.

© Riaghaltas na h-Alba, 2023

ISBN: 978-1-83521-156-4

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-luchar 2023.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1330823 (07/23)